



# OILTHIGH OBAR DHEATHAIN

## PLANA GÀIDHLIG [2019-2024]



Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris air 6mh den Òg-mhios 2019



## CLÀR-INNSE

1. Facal-toisich
2. Fiosrachadh mu Dheidhinn Oilthigh Obar Dheathain
3. Ar prìomh amasan airson na Gàidhlig
4. Geallaidhean Oilthigh Obar Dheathain airson na Gàidhlig  
2019-2024
5. A' Coileanadh is a' Sgrùdadh ar Plana Gàidhlig
6. Eàrr-ràdh A – Toraidhean a' Cho-chomhairleachaidh  
Phoblaich

## FACAL-TOISICH

Fàilte oirbh don Phlana Ghàidhlig againn, sa bheil sinn a' sealltainn mar a tha sinn a' dol a chumail oimn a' toirt taic do agus a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig agus a' cuideachadh leis an amas nàiseanta gus àrdachadh a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus a' dèanamh sanasachd is a' toirt cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig do mhuinntir an oilthigh. Tha, gun teagamh, dleastanas reachdail air Oilthigh Obar Dheathain, fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, gus taic a thoirt don chànan.

Leis an dàrna eagran de ar Plana Gàidhlig, tha sinn air plana soilleir is ro-innleachdail a dhealbh a tha a' togail air an obair nach beag, nar beachd-ne, a rinn sinn a-cheana agus sinn a' toirt taic do dh'adhartas le ionnsachadh, inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig. Tha sinn air prìomhachasan is geallaidhean ùra a dhealbh às dèidh dhuinn sùil as ùr a thoirt air a' chiad phlana (ri fhaotainn aig [www.abdn.ac.uk/gaelicplan](http://www.abdn.ac.uk/gaelicplan)), agus sinn a' gabhail ealla ris na rudan a tha air soirbheachadh agus na dùbhlain a th' ann fhathast, agus ri comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha sinn air meòrachadh gu cùramach air dè na prìomhachasan a bu chòir a bhith againn thairis air an ath chòig bliadhna, agus tha na gnìomhan sa phlana againn a' dèanamh dlùth cheangal ris na prìomhachasan a chithear sna duilleagan a leanas. Leis an dàrna eagran seo den phlana, tha sinn air roghnachadh a bhith ag amas barrachd air geallaidhean don Ghàidhlig a bhuineas ri ar prìomh obair, far a bheil sinn den bheachd gun urrainn dhuinn taic mhòr a thoirt do dh'amasan a' Phlana Nàiseanta. Mar phàirt de sin, tha gnìomhan ann co-cheangailte ri ar cùrsaichean Gàidhlig, a tha a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt dùthchasach na sgìlean cànan aca a leasachadh. B' e amas cudromach eile a bh' againn leis an dàrna plana, geallaidhean a dhealbh a tha a' dèanamh ceangal soilleir ri lèirsinn is prìomh obair an Oilthigh thairis air an ath chòig bliadhna. Rinneadh sin gus poileasaidhean Gàidhlig fhighhe a-steach nas dlùithe do dh'obair na buidhne airson dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a daingneachadh air feadh ar prìomh phròiseasan is modhan-obrach uile agus gun gabh ar Plana a choileanadh ann an dòigh sheasmhach.

Mar Ionad-foghlaim Àrd-ìre, tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha an obair againn ann a bhith a' toirt taic do chleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le com-pàirtichean gus togail air soirbheachas a' chiad phlana againn tron ro-innleachd còig-bliadhna ùr seo.

**An t-Àrd Ollamh Seòras Boyne**

*Prionnsapal is Iar-Sheansalair*

# FIOSRACHADH MU DHEIDHINN OILTHIGH OBAR DHEATHAIN

Tha Oilthigh Obar Dheathain, a chaidh a stèidheachadh ann an 1495, air aon de na h-oilthighean as cliùtiche san Rìoghachd Aonaichte le ainm aige gu h-eadar-nàiseanta. 'S e an treas oilthigh as sine ann an Alba agus an còigeamh Oilthigh as sine san RA. Tha mu 14,500 oileanach againn, le àireamh mhòr de dh'oileanaich pàirt-ùine nam measg agus oileanaich bho 120 diofar dhùthchannan a' gabhail a-steach na Rìoghachd Aonaichte fhèin.

'S e ar lèirsinn, "cruth-atharrachadh a thoirt air an t-saoghal tro bhith a' cur ri eòlas is ionnsachadh".<sup>1</sup> Tha e na amas dhuinn piseach a thoirt air beatha dhaoine tro rannsachadh, teagasg, ionnsachadh agus a bhith a' sgaoileadh eòlas agus gum bi soirbheachadh ann agus gum brisear sgrìoban ùra ann an iomadh raon.

Tha a' chuid as motha de ar n-obair teagaisg is rannsachaidh stèidhichte aig Colaiste an Rìgh agus Àrainn Cnoc an Fhorsair. Tha an teagasg air a chur air dòigh ann an dusan sgoil a tha a' gabhail a-steach raon farsaing de chuspairean.

## A' Ghàidhlig ann an Obar Dheathain

### *Foghlam*

Tha cothroman airson foghlam Gàidhlig aig gach ìre ann an Obar Dheathain. Anns a' bhaile, tha buidheann pàrant is pàiste (aois 0-5), bun-sgoil agus sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri àrd-sgoil a bheir cothrom do sgoileirean Ìre Choitcheann, Àrd-ìre no Sàr-àrd-ìre a dhèanamh sa Ghàidhlig. A rèir Cunntas-sluaigh nan Sgoilearan 2017, bha 36 sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Obar Dheathain cho math ri 6 sgoilear a bharrachd a bha a' dèanamh na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile. <sup>2</sup> Tha barrachd fiosrachaidh mu fhoghlam Gàidhlig ann an Obar Dheathain ri fhaighinn air làrach-lìn Comhairle Baile Obar Dheathain agus anns a' chiad Phlana Gàidhlig againn

### *Cànan agus Cultar*

Tha club Gàidhlig ann an Obar Dheathain a bhios a' toirt seachad tachartasan cànan agus cultair far an urrainn do luchd-labhairt an cuid Gàidhlig a chleachdadh, cho math ri cothroman ionnsachaidh air an oidhche agus aig deireadh na seachdain airson luchd-ionnsachaidh aig gach ìre. Tha Coisir Ghàidhlig agus Fèis ann an Obar Dheathain, a tha na phàirt de lìonra nas motha de dh'fhèisean ealain Gàidhlig. Gheibhear fios mu bhuidhnean Gàidhlig ionadail is nàiseanta, a' gabhail a-steach fios mu far am faighear goireasan agus clasaichean Gàidhlig air làrach-lìn a' Phlana Ghàidhlig againn

### *Dàta sa Chunntas-sluaigh*

Bho chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig againn a chur air bhog, chaidh dàta bho chunntas-sluaigh 2011 fhoillseachadh, a' toirt sealladh ùr dhuinn air an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Obar Dheathain agus Siorrachd Obar Dheathain.

Bho 2001, tha an àireamh de dhaoine ann an Obar Dheathain aig a bheil comas anns a' chànan air a dhol am meud bho 2,554 gu 3,174. Ann an Siorrachd Obar Dheathain, chlàraich 2,721 gun robh comas aca anns a' chànan. Tha seo air a dhol am meud bho 2001. Tha an àireamh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn air èirigh gu 1,636 ann am Baile Obar Dheathain agus bho 890 gus 1,400 ann an Siorrachd Obar Dheathain. Tha am fàs anns an àireamh de luchd-labhairt ann an Siorrachd Obar Dheathain air aon de na leudachaidhean as motha ann an cunntas-sluaigh 2011

<sup>1</sup> Plana Ro-innleachdail Oilthigh Obar Dheathain 2015-2020

<sup>2</sup> Staitistigs a bharrachd bho Chunntas-sluaigh nan Sgoilearan 2017, <https://www2.gov.scot/Topics/Statistics/Browse/School-Education/dspupcensus/dspupcensus17>

### *A' Ghàidhlig aig Oilthigh Obar Dheathain*

Tha buntainneas làidir air a bhith aig a' Ghàidhlig ri Oilthigh Obar Dheathain fad iomadh linn, agus tha àite daingeann aig a' chànan san Oilthigh fhathast tro dhiofar chùrsaichean aig a bheil ceangal ri cànan, cultar agus litreachas na Gàidhlig. Tha sinn a' toirt cothrom do dh'oileanaich ceum a ghabhail ann an Gàidhlig, no an cànan ionnsachadh fad dà bhliadhna de dh'ionnsachadh Maireannach. Leis an roghainn gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den mhòr-chuid de phrògraman ceuma (air sàillibh cho sùbailte 's a tha an curraicealam againn), tha an t-Oilthigh a' toirt cothrom do bharrachd oileanaich eòlas a chur air a' chànan. Tha Roinn na Gàidhlig aig an Oilthigh a' stiùireadh ar cùrsaichean is prògraman ceuma Gàidhlig, agus iad mar phàirt de Sgoil nan Cànan, Litreachais, Ciùil agus Cultair Lèirsinne.

'S e a' teagasg Gàidhlig an dòigh as motha sa bheil sinn a' toirt taic don amas nàiseanta gus àrdachadh a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. Sa chumantas, bidh, 1.7% de na fo-cheumnaichean ùra againn gach bliadhna a' clàradh airson chùrsaichean Gàidhlig. Tha cùrsaichean againn an dà chuid airson luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt dùthchasach, agus tha sinn a' toirt cothrom do dh'fhìor luchd-tòiseachaidh ceum a ghabhail sa chànan agus a bhith fileanta sa Ghàidhlig nuair a bheir iad an ceum aca a-mach. Gheibh luchd-ceuma na sgilean cànan gus an cànan a chleachdadh le misneachd, agus cuideachd gheibh iad eòlas farsaing air an litreachas is cultar a' chànan. Tha an t-oideachadh a fhuair iad air iomadh neach-ceuma a bhrosnachadh gu bhith a' toirt dreuchd a-mach far an urrainn dhaibh an cànan a chleachdadh agus cuideachadh le adhartachadh na Gàidhlig.

Tha cothroman ann do luchd-obrach a dhol air cùrsaichean fo-cheum Gàidhlig, agus tha fiosrachadh mu chlasaichean Gàidhlig agus goireasan ionnsachaidh (taobh a-muigh an Oilthigh) air an cur air adhart air làrach-lìn Plana Gàidhlig an Oilthigh.

Tha ar Sgoilearan Gàidhlig san Sgoil am measg an luchd-rannsachaidh as cliùitiche sna cuspairean aca agus tha ceanglaichean làidir aca ri luchd na Gàidhlig. Bha sinn an sàs ann a bhith a' stèidheachadh an lìonra rannsachaidh, *Soillse*, agus sinn nar co-bhuidheann-stiùiridh airson a' phròiseict, agus tha ar luchd-rannsachaidh a-nis a' cruinneachadh eòlas spèisealta air mar a ghabhas teagasg a' chànan do dh'inbheach a leasachadh agus tha iad air obrachadh còmhla ri companaidh priobhaideach, eadar-nàiseanta o chionn ghoirid gus app ionnsachaidh Gàidhlig ùr a chur air bhog airson luchd-ionnsachaidh aig meadhan-ìre (<https://ai.glossika.com/>). Tha mar a chaidh an app seo a dhealbhadh is a sgaoileadh, agus e an-asgaidh, a' dearbhadh mar a tha an t-Oilthigh air a chur roimhe taic a thoirt do phrìomh amas a' Phlana Nàiseanta, sin gum bi barrachd luchd-labhairt ùr na Gàidhlig ann. Bidh an t-Oilthigh cuideachd a' foillseachadh iris acadaimigeach aig a bheil inbhe nach beag: *Scottish Gaelic Studies*.

Bidh an t-Oilthigh cuideachd a' cumail thachartasan Gàidhlig gu cunbhalach do luchd-obrach, oileanaich agus don mhòr-shluagh. 'S e aon de na prìomh thachartasan aig an Oilthigh, Fèill a' Chèitein, agus thèid sreath de thachartasan le ceangal ris a' Ghàidhlig a chumail mar phàirt den Fhèill do luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine aig nach eil an cànan. 'S e a tha fa-near don Fhèill, rannsachadh, ealantas is co-chonaltradh a chur air adhart, agus sna bliadhnaichean a dh'fhalbh tha i air còrr is 14,000 neach a tharraing gu làrach an Oilthigh. Tha an taobh Gàidhlig den Fhèill air a chur air dòigh le compàirteachas de luchd-ùidhe ionadail is nàiseanta na Gàidhlig, agus tha e air còrdadh gu mòr ri daoine chun na h-ìre 's nach eil gu tric àiteachan gu leòr aig na tachartasan gus frithealadh air an iarrtas.

### *Daoine le comasan Gàidhlig aig an Oilthigh*

Bidh ceistean mun Ghàidhlig gu cunbhalach mar phàirt den cheisteachan air Co-ionannachd is lomdachd aig an Oilthigh do luchd-obrach airson fiosrachadh a thrusadh mun àireamh luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig agus thuirt 1.5% den luchd-freagairt gun robh an comas seo aca. Bha ìre-fhreagairt de 39% aig an t-suirbhidh seo.

*A' chiad Phlana Gàidhlig againn*

Dh'fhoillsich an t-Oilthigh a' chiad Phlana Gàidhlig aige ann an 2013, agus san sgrìobhainn sin thug sinn seachad iomadh gealladh lèirsinneach gus leudachadh a thoirt air seirbheisean Gàidhlig is taic leis a' chànan do luchd-obrach, oileanaich agus don mhòr-shluagh. B' e a bha fa-near dhuinn leis a' chiad Phlana togail air na seirbheisean a bh' ann a-cheana (leithid teagasg sa chànan), le bhith a' stèidheachadh grunn ghniomhan bunaiteach gus an cànan a dhèanamh nas follaisiche agus a cleachdadh barrachd air feadh an Oilthigh, leithid: a' cruthachadh stuthan dà-chànanach, agus susbaint don làrach-lìn, a' cleachdadh suaicheantas Gàidhlig; agus a' cur àite Gàidhlig air dòigh a dh'aona-ghnothach do luchd-obrach is oileanaich. Cuideachd san ùine sin, dh'fheuch sinn diofar iomairtean ùra Gàidhlig, leithid sgeama-còmhnaidh Gàidhlig do dh'oileanaich, agus dh'fhoillsich ar Comann nan Oileanach susbaint Ghàidhlig ann am pàipear-naidheachd nan oileanach gus faicinn ciamar a chòrdadh sin ri daoine. A bharrachd air sin, chaidh againn air iomadh pròiseact soirbheachail a thoirt gu buil, leithid a' cur Fèill a' Chèitein air bhonn agus na tachartasan Gàidhlig an lùib sin; Gàidhlig air a labhairt mar phàirt de na cuirmean-ceumnachaidh uile againn; agus soidhnichean dà-chànanach aig an dà phrìomh àrainn againn.

Bha dùbhlain ann cuideachd leis a' chiad Phlana, agus thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh tha atharraichean mòra air tighinn air an Oilthigh agus tha dùbhlain a' leantainn ann an roinn an Fhoghlaim Àrd-ìre. Rì linn sin, cha deach gach gealladh a choileanadh mar a bha dùil againn, agus mar sin thug sinn dlùth aire do ar prìomhachasan is targaidean ro-innleachdail ann a bhith a' dealbh an dàrna Plana seo. Fhad 's a tha sinn a' cur ar Plana Gàidhlig an gnìomh, cumaidh sinn sùil air na geallaidhean againn agus, nuair a bhios dùbhlain ann, coimheadaidh sinn air dòighean eile gus am Plana a choileanadh a leigeas leinn co-dhiù pàirt den adhartas a bha fa-near dhuinn a dhèanamh mura gabh cuid a gheallaidhean a rinneadh sa chiad dol a-mach a choileanadh mar a bha dùil ris. Nuair bhios sinn a' cur a' Phlana Gàidhlig an gnìomh, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh ath-sgrùdadh air na geallaidhean a th' ann, agus far a bheil dùbhlain, cumaidh sinn oirnn a' beachdachadh air mar a ghabhadh dòighean libhrigidh eile a chleachdadh.

Tha an dàrna Plana seo gu bhith a' togail air adhartas a' chiad fhir, ach le sùil nas dlùithe air amasan agus sinn a' beachdachadh gu h-àraidh air ar n-obair is amasan an-dràsta agus san àm ri thighinn, agus nas cudromaiche, air ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn taic a thoirt do choileanadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Tha sinn air gnìomhan a dhealbh a nì diofar agus a ghabhas coileanadh nar beachd-ne agus a bu mhiann leinn a ghabhail os làimh, agus a ghabhas dèanamh ann an dòigh sheasmhach agus a ghabhas fighe a-steach ann am modhan-obrach an Oilthigh.

# AR PRÌOMH AMASAN AIRSON NA GÀIDHLIG

Tha Oilthigh Obar Dheathain ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, aithne nàiseanta is saoghal cultarach na h-Alba. Leis a' Phlana seo, agus le bhith a' coileanadh ar prìomh amasan airson na Gàidhlig, tha sinn ag iarraidh àrainneachd thaiceil a chruthachadh sa bheil cothroman do mhuinntir an Oilthigh Gàidhlig fhaicinn agus a chleachdadh gu h-àbhaisteach. Gus cuideachadh le sin, tha sinn air a chur romhainn iomairtean is seirbheisean Gàidhlig fhighe a-steach, gu ìre nas motha, do ar n-obair is modhan-obrach coitcheann airson dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh ann an dòigh sheasmhach, agus togaidh sinn air an dàimh a th' againn ri buidhnean poblach eile gus taic a thoirt do choileanadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2017-2022. Tha na prìomhachasan gu h-ìosal a' sealltainn nan raointean san urrainn dhuinn a' bhuaidh as motha a thoirt air cùisean nar beachd-ne agus bheir iad stiùir do ar n-oidhirpean thar nan còig bliadhna a tha romhainn.

## A' toirt taic don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2017-2022

Tha sinn air prìomhachasan is gnìomhan a dhealbh airson Oilthigh Obar Dheathain a nì cinnteach gum bi ar n-obair gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig air a fighe a-steach mar nì àbhaisteach do dh'obair is modhan-obrach an Oilthigh ann an dòigh a chuidicheas le amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2017-2022 a tha a' gabhail a-steach:

- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

## 1. Àrdachadh a thoirt air an àireimh de dh'oileanaich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig

'S e ar n-àrd-amas, cruth-atharrachadh a thoirt air an t-saoghal tro bhith a' cur ri eòlas is ionnsachadh. 'S e aon de na dòighean as motha san urrainn dhuinn taic a thoirt don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig, na cùrsaichean is prògraman ceuma Gàidhlig a th' againn. Tha sinn a' gabhail ris gu bheil cànan is cultar na Gàidhlig nam pàirt sònraichte, gun samhail, de dh'eachdraidh is cultar na h-Alba, agus tha sinn air cur romhainn cumail oirnn ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus na diofar chothroman ionnsachaidh aig Oilthigh Obar Dheathain a dhèanamh follaiseach. Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh dhaoine a chuireas a-steach airson cùrsa gu bhith a' beachdachadh air cùrsa Gàidhlig mar phàirt den fhoghlam aca.

## 2. Cur ris an àrainneachd Ghàidhlig do luchd-obrach is oileanaich agus gum bi Gàidhlig air a fighe a-steach do mhodhan-obrach coitcheann

Leis an dàrna Plana Gàidhlig seo tha sinn ag iarraidh àrainneachd thaiceil a

chruthachadh sa bheil cothroman do mhuinntir an Oilthigh Gàidhlig fhaicinn agus a chleachdadh nas trice agus mar nì àbhaisteach. Le àrainneachd mar sin, tha sinn airson gum bi a' Ghàidhlig nas follaisiche agus gum bi barrachd chothroman ann do luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh. Cuidichidh seo leis an iomairt nàiseanta gus deagh ìomhaigh a chur air adhart airson a' chànain.

## 3. Tachartasan is Pròiseactan Gàidhlig fìor mhath a chur air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean eile

Tha cothroman an lùib obair chonaltraidh, tachartasan poblach is fèisean an Oilthigh gus inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig a thogail am measg an t-sluaigh san fharsaingeachd agus tha iad a' cruthachadh barrachd chothroman gus an cànan a chleachdadh is ionnsachadh. Tha e air còrdadh ri daoine a bhith a' faicinn Gàidhlig mar phàirt den tachartas iomraiteach againn, Fèill a' Chèitein; agus le bhith a' coileanadh ar dàrna Plana, tha sinn an dùil barrachd tachartasan fìor mhath a chur air dòigh don choimhearsnachd ann an co-bhuinn ri buidhnean eile. Le sin, gheibhear barrachd chothroman airson an cànan a



## Plana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain 2019-2024

chleachdadh is ionnsachadh, agus cuiridh e ri deagh ìomhaigh na Gàidhlig.

# GEALLAIDHEAN OILTHIGH OBAR DHEATHAIN AIRSON NA GÀIDHLIG 2019- 2024

## *Amasan Àrd-ìre*

Tha Bòrd na Gàidhlig air amasan àrd-ìre a thoirt dhuinn a fhuair aonta bho Mhinistearan na h-Alba airson dàrna Plana Gàidhlig an Oilthigh. Ann a bhith ag ullachadh ar Plana ùir, thug sinn dlùth aire do na molaidhean seo, agus tha gach gnìomh h-amasan sin, agus a' toirt taic do na ceithir prìomh raointean airson leasachadh a' chànain: ionnsachadh is togail na Gàidhlig, corpas, inbhe, agus cleachdadh.

## **A' leantainn le gnìomhan bho Phlana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain airson 2013-18**

B' e a' chiad fhear de na h-amasan àrd-ìre seo, na geallaidhean bhon chiad Phlana Ghàidhlig aig an Oilthigh, a tha fhathast mar phàirt de dh-leastanasan an Oilthigh, a thoirt air adhart is a chur ris an dàrna Plana agus a choileanadh. Am measg nan geallaidhean sin, a chithear sa Phlana Ghàidhlig airson 2013-2018 ([www.abdn.ac.uk/gaelicplan](http://www.abdn.ac.uk/gaelicplan)), bha seirbheisean poblach (a' gabhail a-steach soidhnichean) a thabhann gu dà-chànanach, geallaidhean co-cheangailte ri ar n-ìomhaigh chorpóra, agus grunn iomairtean far am biodh luchd-obrach is oileanaich a' cleachdadh na Gàidhlig no bha ag amas air àrdachadh a thoirt air an àireimh de dh'oileanaich a tha a' clàradh airson chùrsaichean Gàidhlig. Leanar le obair mu choinneamh nan gnìomhan sa Phlana sin fhad 's tha sinn a' sireadh aonta airson agus a' cur ar dàrna Plana Gàidhlig an gnìomh. Ann an cuid a shuidheachaidhean, mar a thachair rè ùine a' chiad Phlana, dh'fhaodadh gun tèid an dòigh san tèid geallaidhean a choileanadh atharrachadh (agus sinn a' cumail ri amas farsaing gach geallaidh) airson dèanamh cinnteach gun tèid na gnìomhan fhighe a-steach ann dòigh sheasmhach don phròiseas no don mhodh-obrach bhuntainneach aig an Oilthigh. Thèid sùil a chumail air adhartas leis a' Phlana le Buidheann Comhairleachaidh Plana Gàidhlig an Oilthigh.

Cuideachd sna h-amasan àrd-ìre bha gnìomhan àraid co-cheangailte ri bhith a' libhrigeadh sheirbheisean agus thug sinn fa-near dhaibh ann a bhith a' dealbh ar Plana. Tha iad seo a' gabhail a-steach gealladh gus cothroman a chomharrachadh far an urrainn do dh'oileanaich a dhol an sàs ann an Gàidhlig is foghlam Gàidhlig agus ionnsachadh mun deidhinn. Tha sinn air meòrachadh gu cùramach air dè tha sinn a' smaoinichadh a ghabhas coileanadh rè ùine ar dàrna Plana Gàidhlig agus tha sinn air sin a shealltainn air na duilleagan a leanas.

Chaidh ar gnìomhan a dhealbhadh a rèir nam prìomhachasan a stèidhich sinn airson an dàrna Plana againn.

<b>PRIONNSAPLAN COITCHEANN</b>		
<b>Amas:</b> Gum bithear a' nochdadh na h-aon spèis don Ghàidhlig is don Bheurla an lùib nan seirbheisean is goireasan Gàidhlig.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bithear ag ullachadh stuthan dà-chànanach sa bheilear a' cleachdadh nan tionndaidhean Beurla agus Gàidhlig de shuaicheantas an Oilthigh. Mura h-eil suaicheantas dà-chànanach ann, ann an cuid a shuidheachaidhean (me, soidhnichean), bithear a' cleachdadh suaicheantas Beurla le teacsa Gàidhlig a bharrachd na chois. Airson a' chuid as motha de sheirbheisean is goireasan, tha e na amas dhuinn an libhrigeadh is an tabhann san dà chànan.		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Sùil a cumail air mar a thèid gnìomhan a dhealbhadh/a choileanadh sna diofar raointean airson dèanamh cinnteach gun nochdar spèis cho-ionann don dà chànan.	Rè ùine a' Phlana	Gach Roinn-stiùiridh/Sgoil a tha an sàs ann
<b>Amas:</b> Gun tèid seirbheisean is goireasan Gàidhlig a thabhann gu follaiseach is an cur air adhart.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bithear a' tabhann cuid a sheirbheisean/goireasan gu follaiseach, ach gabhaidh barrachd a dhèanamh a thaobh seo.		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Nuair a thathar a' dealbh no a' cur gnìomhan ùra an sàs, bu chòir beachdachadh air mar as urrainnear na seirbheisean no goireasan a thabhann gu follaiseach, agus bu chòir sùil as ùr a thoirt air na gnìomhan a th' ann airson dèanamh cinnteach gu bheil iad air an sanasachd gu follaiseach, le bhith a' faotainn taic bho raointean eile (me, Conaltradh).	Rè ùine a' Phlana	Gach Roinn-stiùiridh/Sgoil a tha an sàs ann
<b>Amas:</b> Gun cumar sùil air dè an ìre gu bheil goireasan is seirbheisean Gàidhlig air an cleachdadh agus thèid barrachd sanasachd a dhèanamh orra nuair nach eil iad air an cleachdadh.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bithear a' cumail sùil air dè an ìre gu bheil cuid a ghoireasan is seirbheisean Gàidhlig air an cleachdadh.		

Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Gun tèid sùil a chumail air mar a tha seirbheisean air an cleachdadh (nuair a ghabhas sin dèanamh) agus thèid barrachd sanasachd a dhèanamh orra nuair nach eil iad air an cleachdadh mòran, agus sinn a' dèanamh feum de mhodhan-conaltraidh a th' ann a-cheana is taic bho raointean eile (me, Conaltradh).	Rè ùine a' Phlana	Gach Roinn-stiùiridh/Sgoil a tha an sàs ann
<b>Amas:</b> Gun cruthaich an t-Oilthigh poileasaidh Gàidhlig mura h-eil fear ann mu thràth.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Dh'aontaich Cùirt an Oilthigh ri Poileasaidh na Gàidhlig ann an 2013 agus gheibhear e air làrach-lìn an Oilthigh.		
Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Gun tèid ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh nuair a thèid aonta a chur ris an dàrna Plana Gàidhlig.	Bliadhna 1	Oighreachd is Goireasan
<b>Amas:</b> Gun lean an obair airson dèanamh cinnteach gun tèid briathrachas cunbhalach Gàidhlig a chleachdadh.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bithear ag iarraidh air buidheann eile a' mhòr-chuid den fhiosrachadh a tha ri fhaotainn ann an Gàidhlig aig Oilthigh Obar Dheathain eadar-theangachadh. An corra uair a tha fiosrachadh air eadar-theangachadh le luchd-obrach Oilthigh Obar Dheathain, bithear a' beachdachadh air a' bhriathrachas a bhios buidhnean eile a' cleachdadh.		
Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Cumaidh sinn oirnn ag obair le eadar-theangair aig a bheil deagh ainm airson an cuid obrach, agus nuair a thèid eadar-theangachaidhean goirid a dhèanamh leis an luchd-obrach againn fhìn, 's iad an fheadhainn a tha fileanta sa Ghàidhlig a nì sin. Nithear dearbhadh-litreachaidh air eadar-theangachaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' leantainn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Gach Roinn-stiùiridh/Sgoil a tha an sàs ann

<b>PRÌOMHACHAS 1: ÀRDACHADH A THOIRT AIR AN ÀIREIMH DE DH'OILEANAICH A THA AG IONNSACHADH NA GÀIDHLIG</b>		
<p><b>Amas:</b> Gum bi fiosrachadh ann an Gàidhlig is mun Ghàidhlig ann an stuthan foillsichte, air an làrach-lìn agus sna meadhanan sòisealta a tha ag amas air a' mhòr-shluagh agus air buidhnean foghlaim is com-pàirteach.</p>		
<p><b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Tha dìreach feadhainn de na foirmichean, duilleagan-lìn agus stuthan foillsichte againn dà-chànanach. Cuideachd, chaidh na meadhanan sòisealta a chleachdadh bho àm gu àm airson conaltradh ris a' mhòr-shluagh ann an Gàidhlig, a' gabhail a-steach daoine a dh'fhaodadh a thighinn don oilthigh mar oileanaich.</p>		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
<p>Gun tèid grunn chraolaidhean a dhèanamh ann an Gàidhlig air na meadhanan sòisealta a bhios a' coimhead air diofar chuspairean co-cheangailte ri Gàidhlig, dualchas a' chànain, ionnsachadh is rannsachadh na Gàidhlig agus mar a thèid a cleachdadh aig agus timcheall Oilthigh Obar Dheathain.</p>	<p>Dà thuras sa bhliadhna (An Cèitean is an t-Sultain)</p>	<p>Margaidheachd is Trusadh Oileanach le taic bhon Roinn-stiùiridh airson Rannsachadh ann an Com-pàirt ris a' Phoball</p>
<p><b>Amas:</b> Gun tèid àrdachadh a thoirt air an àireimh de dh'oileanaich a tha a' clàradh le bhith a' dèanamh sanasachd fhollaiseach air na cùrsaichean Gàidhlig a th' ann agus a' dealbh chùrsaichean Gàidhlig ùra agus dòighean-libhrigidh ùra. Cuideachd, gun tèid sùil a chumail air na th' ann de dh'oileanaich a tha a' clàradh agus thèid barrachd sanasachd a dhèanamh air na cothroman mura h-eil gu leòr oileanaich ann.</p>		
<p><b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bithear a' cumail sùil gach bliadhna air cia mheud oileanach a tha a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig, gus adhartas a mheasadh mu choinneamh na targaid againn gun àrdaich na h-àireamhan a tha a' tòiseachadh air clasaichean Gàidhlig le 1% gach bliadhna, mar a tha air a mhìneachadh sa chiad Phlana againn Bithear a' dèanamh sanasachd air a' Ghàidhlig aig tachartasan trusaidh an Oilthigh, leithid Làithean Fosgailte. Cuideachd, bidh Roinn na Gàidhlig a' conaltradh ri buidhnean ionadail gus cùrsaichean a shanasachd, agus tro sgeama nan Tosgairean Gàidhlig bidh oileanaich a' tadhal air sgoiltean ionadail. Chaidh sanasan dà-chànanach ullachadh bho àm gu àm airson stuthan foillsichte le ceangal ri Gàidhlig gus sanasachd a dhèanamh air ar cùrsaichean Gàidhlig. Gheibhear fiosrachadh mu na cùrsaichean uile a tha sinn a' tabhann aig ìrean fo-cheum is for-cheum anns an <a href="#">ro-shealladh air-loidhne</a> againn.</p>		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
<p>Gun tèid sanasachd a dhèanamh air a' PhGCert ann am Foghlam tron Ghàidhlig (STREAP) (Is e prògram air-loidhne a th' ann an STREAP a chaidh a chruthachadh le Oilthigh Obar Dheathain agus Sabhal Mòr Ostaig airson tidsearan a tha fileanta sa</p>	<p>Rè ùine a' Phlana</p>	<p>Margaidheachd is Trusadh Oileanach</p>

Ghàidhlig mu thràth gus cur ris na sgilean aca ann a bhith a' teagasg cuspair no ìre tro mheadhan na Gàidhlig.)		
Gun tèid sanasachd a dhèanamh air Gàidhlig mar roghainn ionnsachaidh leasaichte do dh'oileanaich fo-cheuma – làithean fosgailte / tachartasan do dhaoine a fhuair tairgse, irisean-d airson oileanaich ùra a tharraing.	Rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Gun tèid susbaint Ghàidhlig a chur ris an ro-shealladh air-loidhne – thèid susbaint dhà-chànanach a chur ris na duilleagan mu Eòlas Gàidhlig, agus bidh fiosrachadh air oileanach mar phàirt de na duilleagan airson “Ionnsaich an seo”.	Bliadhna 1	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
Gum faigh an Roinn-stiùiridh airson Trusadh Oileanach an liosta as ùire de sgoiltean le foghlam Gàidhlig bho Bhòrd na Gàidhlig – nuair a thathar a' tadhal air na sgoiltean sin thèid sanasachd a dhèanamh air na roghainnean ionnsachaidh Gàidhlig nuair a thathar a' bruidhinn ri sgoilearan/tidsearan.	Rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
Gun tèid trèanadh/stiùireadh a thoirt do luchd-acadaimigeach/tosgairean/riochdairean oileanach na Gàidhlig a bhios a' dol an sàs ann an obair thrusaidh, me, a' tadhal air sgoiltean.	Rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
Gun tèid fiosrachadh mu roghainnean ionnsachaidh Gàidhlig a chur gu daoine a fhuair tairgse airson àite air cùrsa fo-cheuma.	Rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
Gun tèid rannsachadh a dhèanamh air cothroman ann am margaidhean ùra gus sanasachd a dhèanamh air Eòlas Gàidhlig, leithid Ameireagaidh a Tuath.	Rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach le taic bho Sgoil nan Cànan, Litreachais, Ciùil agus Cultair Lèirsinne (SCLCCL)
Gun tèid stuthan margaidheachd ùra a chruthachadh gus sanasachd a dhèanamh air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.	Bliadhna 1	Margaidheachd is Trusadh Oileanach le taic bho SCLCCL

Gun tèid oileanaich a tha air a' phrògram MA ann am Foghlam a bhrosnachadh gu bhith a' clàradh airson chùrsaichean Gàidhlig air a' chiad is dàrna bliadhna den phrògram MA fo-cheuma.	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim
Gun obraich sinn còmhla ri ar n-Oileanaich Ghàidhlig a tha nan Tosgairean STAR (oileanaich a nì oidhirpean sònraichte a thaobh a' chànain) gus 'latha fosgailte beag' a thaobh na Gàidhlig a chur air dòigh do sgoilearan an Ear-thuath mar iomairt-dhearbhaidh. Bidh mar a thèid an tachartas seo a libhrigeadh an crochadh air cia mheud Tosgaire STAR Gàidhlig a bhios ann agus cia mheud sgoil ionadail a nochdas ùidh san tachartas.	Aon turas rè ùine a' Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach

<b>Amas:</b> Gun cruthaich sinn ro-innleachd airson na h-ùine fada gus cùrsaichean Gàidhlig a chumail suas, a dhealbh is a leasachadh ann an co-bhuinn ri oilthighean eile, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Foghlam Alba, agus Bòrd na Gàidhlig.		
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Tha an t-Oilthigh a' libhrigeadh mu 25 cùrsaichean Gàidhlig agus cùrsaichean le ceangal ri cultar na Gàidhlig an-dràsta. Tha na roghainnean a leanas aig oileanaich: cùrsa fa leth a dhèanamh; prògram de dh'lonnsachadh Maireannach; MA (Coitcheann) ann an Eòlas Gàidhlig; MA le Urram (Singilte) ann an Eòlas Gàidhlig agus MA (Dùbailte) ann an Eòlas Gàidhlig is dàrna cuspair. Tha an t-Oilthigh cuideachd a' tabhann stiùireadh airson cheuman rannsachaidh for-cheuma agus airson MSc ann an Eòlas Eadar-theangachaidh.		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Gun tèid cùrsaichean ann an cànan is cultar na Gàidhlig a libhrigeadh aig ìrean 7-10 SCQF.	Gach Bliadhna	SCLCCL
Gum bithear a' toirt stiùireadh do dh'obair for-cheuma le ceangal ris a' Ghàidhlig.	Rè ùine a' Phlana (nuair a bhios iarrtasan ann airson leithid a dh'obair)	SCLCCL
Gun tèid ealla iomchaidh a ghabhail ris a' phrògram airson Ciad-fhoghlam do Luchd-teagaisg (CFL) Gàidhlig taobh a-staigh Plana Ro-innleachdail Sgoil an Fhoghlaim. Le bhith a' toirt taic do CFL Gàidhlig tha an Sgoil a' dearbhadh na chuir i roimhe gus a bhith ag obair ann an com-pàirt ri Oilthighean eile, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba,	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim

Foghlam Alba is Bòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do dh'iomairt ùr sam bith airson Foghlam tron Ghàidhlig.		
---	--	--



<b>PRÌOMHACHAS 2: CUR RIS AN ÀRAINNEACHD GHÀIDHLIG DO LUCHD-OBACH IS OILEANAICH AGUS GUM BI GÀIDHLIG AIR A FIGHE A-STEACH DO MHODHAN-OBACH COITCHEANN</b>		
<p><b>Amasan:</b> Gun tèid cur ris a' chomas a th' againn conaltradh ris an luchd-obrach is oileanaich tron Ghàidhlig feuch am bi barrachd chothroman aig luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh.</p> <p>Iomairtean a dhealbh a bheir taic do ar luchd-obrach is oileanaich aig a bheil Gàidhlig ann a bhith a' cleachdadh a' chànain.</p> <p>Gun tèid sanasachd a dhèanamh air ar Plana Gàidhlig gu tric is minig taobh a-staigh ar buidhne.</p>		
<p><b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Bidh sinn a' freagairt theachdaireachdan Gàidhlig foirmeil a gheibh an t-Oilthigh ann an Gàidhlig; bidh beagan Gàidhlig mar phàirt de ar cuirmean-ceumnachaidh agus de thaisbeanaidhean is tachartasan eile; agus nuair a gheibhear gearan foirmeil ann an Gàidhlig thèid freagairt a chur sa chiad dol a-mach ann an Gàidhlig chun an neach a thog an gearan; agus bidh sinn gu cunbhalach a' freagairt theachdaireachdan sgrìobhte a gheibhear sa Ghàidhlig ann an Gàidhlig.</p> <p>Bidh sinn cuideachd a' toirt diofar iomairtean gu buil mar thaic do chleachdadh na Gàidhlig air àrainn an Oilthigh, leithid seòmar-cruinneachaidh Gàidhlig, cearcaill seinn Ghàidhlig, agus na duaisean STAR Gàidhlig a stèidhich sinn (airson oileanaich a nì oidhirpean sònraichte a thaobh na Gàidhlig).</p> <p>Chaidh modhan-conaltraidh taobh a-staigh an Oilthigh a chleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air a' Ghàidhlig is air a' Phlana Ghàidhlig. Mar phàirt de sin chaidh feum a dhèanamh den Iris-d airson Luchd-obrach, sgrìonaichean plasma air feadh an Oilthigh, agus bho àm gu àm, chaidh na meadhanan sòisealta a chleachdadh gus iomairtean a' Phlana Ghàidhlig agus am Plana fhèin a shanasachd.</p> <p>Tha beagan dreuchdan aig an Oilthigh far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach, agus tha iad sin air an sanasachadh an dà chuid sa Gàidhlig agus sa Bheurla. Tha am Poileasaidh Fastaidh is Taghaidh againn air an cleachdadh seo a dhèanamh foirmeil agus tha e cuideachd a' cur an cèill gum bu chòir do shanasan agus fiosrachadh obrach eile nochdadh gu bheil Gàidhlig na sgil a bhiodh na bhuannachd far a bheil na dreuchdan sin air an comharrachadh mar dhreuchdan far am biodh Gàidhlig na bhuannachd.</p>		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Gun tèid tionndaidhean Gàidhlig de na ceithir bun-sgrìobhainnean PowerPoint aig an Oilthigh a chruthachadh. An-dràsta chan eil iad seo rim faotainn ach ann am Beurla le suaicheantas Beurla an Oilthigh orra.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich le taic bho na Seirbheisean Didseatach is Fiosrachaidh
Gun tèid a' cheist san fhoirm airson àite-fuirich mu bhith ag iarraidh fuireach sa flat Ghàidhlig a chur ann an Gàidhlig agus Beurla.	Bliadhna 2 (airson a dhol	Oighreachd is Goireasan

	a-steach ann ann an 2019)	
Gun tèid slaighd ann an Gàidhlig a chruthachadh a tha a' cur fàilte air oileanaich chun an Infohub	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh Dhaoine
Gun tèid tachartas dhreuchdan a chumail mar iomairt-dhearbhaidh far am bi cothrom aig luchd-labhairt na Gàidhlig bruidhinn ri daoine a cheumnaich bhon Oilthigh agus a tha anis ann an dreuchdan far a bheil aca ri Gàidhlig a bhruidhinn gu làitheil.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh Dhaoine
Gun tèid modhan-conaltraidh taobh a-staigh an Oilthigh a chleachdadh gus iarraidh air luchd-obrach le Gàidhlig innse dhuinn gu bheil Gàidhlig aca feuch am bi fios aig an Oilthigh air càit a bheil cuid den luchd-obrach le Gàidhlig ag obair. An uair sin, beachdaichidh BCPG air ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn obrachadh leis an luchd-obrach seo airson barrachd chothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh san Oilthigh.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun tèid tachartasan le Gàidhlig annta fheuchainn mar phàirt den phrògram de thachartasan do dh'oileanaich ann an Àiteachan-còmhnaidh an Oilthigh.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh Dhaoine
Gun tèid innse do na h-oileanaich gu bheil cothrom aca Oide Phearsanta a roghnachadh aig a bheil Gàidhlig.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh Dhaoine
Luchd-obrach/oileanaich a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich ma tha iad a' conaltradh ri luchd-poilitigs/agus daoine as urrainn buaidh a thoirt air suidheachadh na Gàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Daoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh cinn-litreach Ghàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun tèid liosta de luchd-acadaimigeach aig a bheil Gàidhlig a chruthachadh agus gun tèid sin a chur gu luchd nam meadhanan Gàidhlig, gus an urrainn dhaibh na h-ainmean aca a chur ris an liosta-chonaltraidh aca.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich

Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Gun tèid Gàidhlig a h-ainmeachadh mar sgitil ‘a bhiodh na buannachd’ airson dreuchdan bàna no ùra a tha gan sanasachd ann an Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich (nuair a tha sin iomchaidh).	Rè ùine a’ Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun tèid duilleag ùr a chruthachadh san stiùireadh airson ìomhaigheachd agus le ‘aithris air ar ceann-uidhe’ a bhios a’ cur an cèill cho cudromach ‘s a tha suaicheantasan is cinn-litreach dhà-chànanach is mar sin air adhart, gus sanasachd a dhèanamh orra agus airson daoine a bhrosnachadh gu bhith gan cleachdadh.	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun cùm sinn oirnn a’ cleachdadh stuthan foillsichte taobh a-staigh an Oilthigh gus sanasachd a dhèanamh air a’ Phlana Ghàidhlig agus obair Buidheann Comhairleachaidh a’ Phlana Ghàidhlig (BCPG).	Co-dhiù dà artaigil sa bhliadhna	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun tèid barrachd stuthan ann an Gàidhlig a dhèanamh airson meadhanan didseatach an Oilthigh, me, piosan bhidio leithid “Ciamar a chanas tu an t-ainm againn ann an Gàidhlig air na soidhnichean ùra againn”, geàrr-fhiosrachadh msaa.	Rè ùine a’ Phlana	Margaidheachd is Trusadh Oileanach
Gun tèid tweets ann an Gàidhlig ullachadh airson prìomh thachartasan a tha gu bhith ann – me, Latha Fosgailte agus a’ Cheumnachd.	Rè ùine a’ Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
<p><b>Amas:</b> Gun tèid trèanadh-inntrigidh is trèanadh a thoirt do luchd-obrach cudromach gus am bi iad nas mothachail air a’ Ghàidhlig, a’ gabhail a-steach luchd-obrach inntrigidh is clàraidh agus luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a’ dèanamh follaiseachd is sanasachd air cùrsaichean. Nithear cinnteach gum bi fios aig sgioba inntrigidh nan oileanach agus luchd-obrach cudromach eile air na cùrsaichean Gàidhlig a th’ ann agus air cho cudromach ‘s a tha e gun tèid sanasachd a dhèanamh orra seach gur e mion-chànan a th’ anns a’ Ghàidhlig.</p>		
<p><b>Na tha a’ tachairt an-dràsta:</b> Bidh Roinn-stiùiridh Leasachadh an Luchd-obrach, nuair a tha e iomchaidh, a’ cur slaighd sna prògraman-inntrigidh is prògraman-trèanaidh do mhanaidsearan gus aire dhaoine a tharraing gun Phlana Ghàidhlig, agus gu na cothroman a th’ ann do luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an tachartasan is gnìomhan Gàidhlig.</p>		

Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Gun tèid buidhnean cudromach de luchd-obrach a chomharrachadh a bu chòir barrachd fiosrachaidh fhaotainn mun Ghàidhlig agus mu Phlana Gàidhlig an Oilthigh agus gun tèid prìomh theachdaireachd a dhealbh agus plana gus sin a sgaoileadh am measg an luchd-obrach seo.	Bliadhna 1	Cathraiche is Clàrc BCPG còmhla ri Roinn an Dàimh Phoblaich
Gun dèanar conaltradh ri àireamh nas motha de Sgoiltean an Oilthigh gus am bi iad nas mothachaile air a' Phlana Gàidhlig agus air an taic don Ghàidhlig is tachartasan Gàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Cathraiche is Clàrc BCPG
Gun obraich sinn còmhla ri Roinn na Gàidhlig agus Bòrd na Gàidhlig gus innse do dh'oileanaich mu na cothroman a th' ann dhaibh airson pàirt a ghabhail ann an tachartasan a tha a' toirt taic do no a tha a' cur Cànan is Cultar na Gàidhlig air adhart, co-dhiù a tha iad nan tachartasan foirmeil no neo-foirmeil.	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim
Gun tèid luchd-compàirt Gàidhlig bhon taobh a-muigh a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt ann an Ciad-fhoghlam do Luchd-teagaisg tro cho-labhairtean do dh'oileanaich agus bùithtean-obrach cruthachail.	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim
Gun tèid oileanaich a tha a' dèanamh greis gnìomhachais ann an sgoil Bheurla a bhrosnachadh gu bhith a' toirt sùil air na dòighean-oideachaidh a gheibhear an lùib foghlam dà-chànanach nuair a tha iad air greis gnìomhachais ann an Sgoil le roinn Ghàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim

<b>PRÌOMHACHAS 3: TACHARTASAN IS PRÒISEACTAN GÀIDHLIG FÌOR MHATH A CHUR AIR DÒIGH ANN AN CO-BHUINN RI BUIDHNEAN EILE</b>		
<p><b>Amasan:</b> Tha na h-amasan seo a' buntainn ri rannsachadh, conaltradh ris a' phoball, agus obair chom-pàirteach le buidhnean eile. Tha e na amas dhuinn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumail oirnn ag obair gu dlùth còmhla ri iomairtean coimhearsnachd Gàidhlig ann an Obar Dheathain agus na sgìrean mun cuairt.</li> <li>• Taic a thoirt do thachartasan, obair no pròiseactan Gàidhlig às an tig buannachdan don eaconamaidh san fharsaingeachd 's dòcha agus buannachdan do dh'Oilthigh Obar Dheathain agus don sgìre.</li> <li>• A bhith ag obair ann an co-bhuinn ri buidhnean eile is ùghdarrasan poblach ainmichte sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig mar bhuidhnean aig a bheil àite cudromach ann a bhith a' cur iomairtean air adhart sna h-ealain, na meadhanan, dualchas is turasachd. Tha sin a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ris an Oifigear Ealain is Cultair aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail gus ealain is cultar na Gàidhlig a chur air adhart taobh a-staigh Oilthigh Obar Dheathain.</li> </ul>		
<p><b>Na tha a' tachairt an-dràsta:</b> Tha an t-Oilthigh air taic a thoirt do ghrunn iomairtean coimhearsnachd ann an Obar Dheathain is sna sgìrean mun cuairt, co-dhiù a bha sinn a' dèanamh sanasachd air tachartasan, a' toirt cothrom do dhaoine air goireasan, no ag obair còmhla ri buidhnean eile airson iomairtean a chur air dòigh. Bidh an t-Oilthigh cuideachd a' cur fèill iomraiteach air dòigh (Fèill a' Chèitein), agus thèid tachartasan Gàidhlig a chumail is a chur air adhart mar phàirt dhith ann an com-pàirt ri buidhnean eile.</p>		
<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
<p>Gun tèid ceanglaichean a thogail le seirbheisean creideimh Gàidhlig ann an Obar Dheathain is na sgìrean mun cuairt.</p> <p>Gun tèid sanasachd a dhèanamh orra am measg muinntir Oilthigh Obar Dheathain, tro na liostaichean puist againn agus na meadhanan sòisealta.</p>	Bliadhna 1	Roinn-stiùiridh Dhaoine
<p>Gum feuch sinn ri Gàidhlig a dhèanamh mar phàirt de na tachartasan/iomairtean litreachais aig Ionad nam Faclan aig Fèill a' Chèitein.</p>	Gach bliadhna	SCLCCL
<p>Gun tèid beachdachadh air mar a ghabhas tachartasan Gàidhlig a chumail ann an togalaichean an Oilthigh, math dh'fhaodte le lasachadh sa phrìs a dh'iarras sinn.</p>	Bliadhna 3	Oighreachd is Goireasan
<p>Gum bi beagan Gàidhlig sna tachartasan againn mar phàirt de Latha nan Dorsan Fosgailte a bhios a' tachairt air feadh a' bhaile (nuair a tha seo iomchaidh).</p>	Gach bliadhna, rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich còmhla ri Rannsachadh

Na gnìomhan a tha dhìth:	Ceann-latha:	An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:
Gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air ar conaltradh ris a' phoball an lùib obair rannsachaidh agus gun tèid cothroman a chomharrachadh gus Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt dheth (leithid Explorathon, ma gheibhear maoinachadh).	Gach bliadhna, rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich còmhla ri Rannsachadh
Gun toirear taic do phròiseactan rannsachaidh cudromach am measg nan diofar oilthighean (tro ar luchd-obrach a bhith nam buill de chomataidhean), me, Faclair na Gàidhlig agus Soillse 2.	Rè ùine a' Phlana	SCLCCL
Gun tèid an iris acadaimigeach Ghàidhlig, <i>Scottish Gaelic Studies</i> , fhoillseachadh aig a bheil cliù gu fad is farsaing.	Rè ùine a' Phlana	SCLCCL
Gun tèid co-dhiù aon taisbeanadh a chur air dòigh gach dàrna bliadhna a tha a' toirt sùil gu sònraichte air cuspair co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.	Bliadhna 1 is Bliadhna 3	Seirbheisean Didseatach is Fiosrachaidh
Gun tèid coimhead air mar a ghabhas pròiseact a thoirt gu buil gus stuthan sna Cruinneachaidhean a chomharrachadh aig a bheil ceangal ri cànan is cultar na Gàidhlig. (Bidh seo mar thaic don obair gus taisbeanaidhean is tachartasan a chumail san Leabharlann is sna Taighean-tasgaidh, ach cuideachd thèid sgeulachdan a chomharrachadh as urrainn a chleachdadh air duilleagan-lìn an Oilthigh agus sna meadhanan sòisealta msaa. Thèid am pròiseact seo a thoirt air adhart ma gheibhear maoinachadh gus neach-dreuchd air greis gnìomhachais fhastadh no ann an dreuchd eile co-ionann ri sin.)	Bliadhna 2	Seirbheisean Didseatach is Fiosrachaidh
Barrachd cuideim ga chur air tachartasan do chloinn.	Bliadhna 1 an toiseachd a chur air bhonn agus nuair sin rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich

<b>Na gnìomhan a tha dhìth:</b>	<b>Ceann-latha:</b>	<b>An Sgoil / Roinn-stiùiridh le prìomh uallach:</b>
Gun cùm sinn oirnn a' toirt seachad fiosrachadh dà-chànanach aig tachartasan le ceangal ris a' Ghàidhlig.	Rè ùine a' Phlana	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gum bithear a' brosnachadh luchd nam meadhanan Gàidhlig gu bhith a' cleachdadh an Oilthigh mar àite airson filmeadh/clàradh agus gun cuidich sinn iad le bhith a' lorg dhaoine a nì agallamh.	Co-dhiù dà phrògram sa bhliadhna agus am filmeadh a' tachairt air làrach an Oilthigh. Co-dhiù 4 agallamhan le luchd-obrach/oileanaich gach bliadhna.	Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich
Gun obraich sinn còmhla ris an Oifigear Leasachaidh Ghàidhlig airson Baile Obar Dheathain gus innse do dh'oileanaich mu thachartasan far a bheil Gàidhlig mar phàirt dhiubh, leithid na Fèise.	Rè ùine a' Phlana	Sgoil an Fhoghlaim

# A' COILEANADH IS A' SGRÙDADH AR PLANA GÀIDHLIG

## Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig

Cumaidh Buidheann Comhairleachaidh a'  
Phlana Ghàidhlig orra:

- A' toirt comhairle don Oilthigh air cùisean co-cheangailte ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
- A' stiùireadh mar a thèid am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh, agus a' leasachadh a' Phlana
- A' cur cànan is cultar na Gàidhlig air adhart air feadh an Oilthigh is na coimhearsnachd ionadail
- A' cumail sùil agus a' dèanamh aithris air tabhartasan Gàidhlig sam bith
- A' toirt aithrisean do Bhuidheann-stiùiridh an Oilthigh.

Tha riochdairean bho na Roinnean-stiùiridh is Sgoiltean a tha an sàs ann a bhith a' cur a' Phlana Ghàidhlig an gnìomh air a' Bhuidhinn seo. Thèid sùil a chumail air ballrachd na buidhne airson dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ùidhe buntainneach air an riochdachadh leis na buill a th' ann.

## Sgrùdadh is Measadh

Thèid aithisg sgrùdaidh bhliadhnail ullachadh le Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig. San aithisg seo nithear measadh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh ar gnìomhan, agus a' chlàir-ama airson nan gnìomhan a choileanadh. Cuideachd, gheibh Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig aithisg adhartais meadhan-teirm gus adhartas a thomhas.

Bidh aithrisean air adhartas le coileanadh a' Phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas airson Planadh Ro-innleachdail, mar thaic don amas gus Gàidhlig fhighe a-steach do ar poileasaidhean is modhan-obrach, agus cuideachd gheibh Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig fios nas trice air adhartas. Tha an t-Oilthigh a' gabhail ris a' Phlana seo mar sgrìobhainn ro-innleachdail aig àrd-ìre, agus thèid grunn sgrìobhainnean gnìomhach a

bharrachd a chruthachadh gus BCPG a chuideachadh le bhith a' sgrùdadh coileanadh a' Phlana Ghàidhlig.

## Mar a Thèid am Plana a Mhaoineachadh

Bidh e mar uallach air a h-uile Sgoil is Roinn-stiùiridh a tha an sàs ann a bhith a' coileanadh a' Phlana am Plana a mhaoineachadh bho na buidseatan rianachd aca. Nuair a bhios maoineachadh a bharrachd a dhìth airson pròiseactan no gus leudachadh air ar pròiseactan Gàidhlig, faodaidh an Neach-comhairleachaidh air Poileasaidhean is Planadh comhairle a thoirt seachad air tobraichean maoineachaidh bhon taobh a-muigh.

## A' Foillseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain fhoillseachadh gu dà-chànanach air ar làrach-lìn. Cuideachd:

- sgaoilidh sinn brath-naidheachd le fios air a' Phlana;
- innsidh sinn mun Phlana don luchd-obrach againn tro mhodhan-conaltraidh taobh a-staigh na buidhne; mar eisimpleir Staffnet, agus conaltraidhean 'luchd-obrach uile';
- bidh lethbhric pàipeir den Phlana rim faotainn ma tha daoine gan iarraidh.

## Seirbhisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean

Nì sinn cinnteach gun lean, nuair a tha e iomchaidh, aontaidhean no rèiteachaidhean le treas phàrtaidhean a tha ceangailte ri libhrigeadh sheirbhisean cumhachan a' Phlana seo. Tha an dleastanas seo a' gabhail a-staigh seirbhisean a dh'fhaodadh a bhith air an leigeil a-mach air cùmhnant. Far nach eil Plana Gàidhlig aig an treas phàrtaidh, iarraidh sinn orra cumhachan Plana Gàidhlig an Oilthigh agus dèanamh cinnteach gun tèid innse don luchd-obrach aca mu chumhachan a' Phlana.

•



### **Fiosrachadh Conaltraidh**

'S e am prìomh oifigear le uallach airson a bhith a' stiùireadh mar a thèid Plana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain ullachadh, a libhrigeadh is a sgrùdadh:

#### **An t-Àrd Ollamh Mòr Chaimbeul**

Cathraiche Buidheann Comhairleachaidh a'  
Phlana Ghàidhlig agus Iar-Phrionnsapal  
airson Rannsachaidh

Oilthigh Obar Dheathain  
Oifis an Oilthigh  
Obar Dheathain  
AB24 3FX

Fòn: 01224 273161

Post-d: [m.k.campbell@abdn.ac.uk](mailto:m.k.campbell@abdn.ac.uk)

Ma tha ceistean agaibh mu lìbhrigeadh a' Phlana bho latha gu latha, bu chòir dhuibh sa chiad dol a-mach fios a chur gu:

**A' Bh-ph Lindsey Hamilton**

Comhairliche Co-ionannachd is Iomadachd  
Rianachd na h-Oighreachd is Ghoireasan  
Oilthigh Obar Dheathain  
Oifis an Oilthigh  
Obar Dheathain  
AB24 3FX

Fòn: 01224 2723883

Post-d: [l.hamilton@abdn.ac.uk](mailto:l.hamilton@abdn.ac.uk)



## AITHISG AIR CO-CHOMHAIRLEACHADH AIRSON A' PHLANA GHÀIDHLIG

### CÙL-FHIOSRACHADH

Tha aig Oilthigh Obar Dheathain ri dàrna Plana Gàidhlig ullachadh seach gun tàinig a' chiad Phlana Gàidhlig (2013-18) gu crìch air 5 Màrt 2018. Mar phàirt den phròiseas, chùm an t-Oilthigh co-chomhairleachadh air an Dreachd den Phlana aige.

A' dol a rèir molaidhean Bhòrd na Gàidhlig san *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*, chumadh an co-chomhairleachadh thairis air sia seachdainean eadar 28 Màrt – 9 Cèitean (a' gabhail a-steach nan làithean sin). Leis a' cho-chomhairleachadh, b' urrainn don Oilthigh sanasachd is follaiseachd a dhèanamh air a' Phlana taobh a-staigh agus taobh a-muigh an Oilthigh, agus fhuaras beachdan dhan tugadh an aire ann a bhith a' dealbh na Dreachd Deireannaich den Phlana.

### A' DÈANAMH SANASACHD IS FOLLAISEACHD AIR A' PHLANA

Rè ùine a' cho-chomhairleachaidh, bha am Plana ri fhaotainn air-loidhne air làrach-lìn an Oilthigh (<http://www.abdn.ac.uk/gaelicplan>). An cois nan duilleagan sin air-loidhne le fios mun Phlana Ghàidhlig bha fiosrachadh dà-chànanach mun Phlana, coinneamhan co-chomhairleachaidh, agus mu Bhuidheann Comhairleachaidh Plana Gàidhlig an Oilthigh (BCPG). Bha ceangal ann cuideachd ri ceisteachan dà-chànanach airson a' cho-chomhairleachaidh, far am faodadh daoine beachdan a thoirt seachad air an Dreachd den Phlana.

Dh'fhoillsich Sgioba Conaltraidh an Oilthigh brath-naidheachd a bha ri fhaotainn air na duilleagan-lìn airson naidheachdan agus tro dhuilleag-dachaigh an Oilthigh (faicibh lethbhreac dheth san tasglann aig [Brath-naidheachd](#)). Cuideachd, chaidh na coinneamhan co-chomhairleachaidh a shanasachd gu dà-chànanach air duilleag-dachaigh an Oilthigh agus sna duilleagan le mìosachan-thachartasan don phoball agus air an duilleig le tachartasan don luchd-obrach. Fhuair an luchd-obrach fios mun cho-chomhairleachadh sna cuairt-litrichean airson luchd-obrach, agus an cois 'teachdaireachd an latha' (airson luchd-obrach) a bhios a' nochdadh air duilleag-dachaigh an luchd-obrach.

A bharrachd air na dòighean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, fhuair oileanaich fios mun cho-chomhairleachadh tro chaochladh dhòighean eile, leithid 'teachdaireachd an latha' (airson oileanaich), a bhios a' nochdadh air an sgrìon nuair a logas oileanaich a-steach gu coimpiutairean an oilthigh, agus fhuair iad fios ann an cuairt-litir nan oileanach.

Chaidh feum a dhèanamh de làraich-lìn nam meadhanan sòisealta gus sanasachd a dhèanamh air Plana Gàidhlig an Oilthigh agus air a' cho-chomhairleachadh. Chaidh sanasachd a dhèanamh ann am Beurla agus Gàidhlig air a' cho-chomhairleachadh tro phrìomh chunntasan Twitter agus Facebook an Oilthigh, agus tro na cunntasan "Student Life" againn (a tha ag amas air oileanaich a tha aig an oilthigh an-dràsta).

Cuideachd, fhuair na meadhanan fios mun cho-chomhairleachadh tron bhrath-naidheachd a sgaoil an Sgioba Conaltraidh. Chaidh aithris a dhèanamh air a' cho-chomhairleachadh sna meadhanan; chaidh Comann Ceilteach an Oilthigh, aig a bheil riochdaire air Buidheann Comhairleachaidh Plana Gàidhlig an Oilthigh ris a bheil e an urra am Plana a dhealbh, chun a' Phress and Journal agus BBC ALBA airson na beachdan aca air an Dreachd den Phlana a thoirt seachad. Chaidh iarraidh air an Oilthigh beachdan a thoirt seachad agus barrachd fiosrachaidh a thoirt do na meadhanan.

Cuideachd, fhuair buidhnean is institiudan le ùidh sa Phlana fios mun cho-chomhairleachadh agus chaidh iarraidh orra pàirt a ghabhail ann tron bhuidhinn 'G Mòr'.

San fhiosrachadh uile a chaidh a sgaoileadh, bha seòladh làrach-lìn na chois gus am poball a bhrosnachadh gu bhith a' leughadh a' Phlana agus gu bhith a' toirt beachdan seachad air.

### **AG ULLACHADH DREACHD DEN PHLANA GHÀIDHLIG / DLEASTANASAN BCPG**

Chaidh an Dreachd den Phlana Ghàidhlig a sgrìobhadh le BCPG, buidheann comhairleachaidh le riochdairean bho air feadh an Oilthigh agus 's i an Leas-Phrionnsapal Neach-gairm na Buidhne. Air a' Bhuidhinn seo, tha riochdairean bho gach Roinn-stiùiridh is Sgoil a tha an sàs ann an coileanadh a' Phlana, agus tha grunn luchd-labhairt na Gàidhlig nam measg. Cuideachd, tha dithis oileanach nam buill den Bhuidhinn, agus iad a' riochdachadh Comann Oileanaich Oilthigh Obar Dheathain agus Comann Ceilteach Oilthigh Obar Dheathain. Chaidh Dreachdan den Phlana ullachadh is ath-dheasachadh leis a' Bhuidhinn mus deach am Plana a chur gu Buidheann-stiùiridh an Oilthigh airson an aonta mus tòisichadh an co-chomhairleachadh.

### **COINNEAMHAN CO-CHOMHAIRLEACHAIDH**

Thug an co-chomhairleachadh cothrom don Oilthigh beachdan a shireadh bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh an Oilthigh air a' Phlana Ghàidhlig.

#### *Coinneamhan Fosgailte*

Chaidh dà choinneimh fhosgailte a chumail, fo stiùir Neach-gairm Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig.

Chaidh coinneamh phoblach fhosgailte a chumail air 19 Giblean (faicibh [fios air Eventbrite](#)), agus chaidh coinneamh cho-chomhairleachaidh airson luchd-obrach is oileanaich a chumail air 25 Giblean. Chaidh na coinneamhan seo a chumail air àrainn Colaiste an Rìgh, agus aig amannan eadar-dhealaichte feuch am b' urrainn an àireamh as motha a b' urrainnear de dhaoine pàirt a ghabhail annta. Chaidh taisbeanadh dà-chànanach a dhèanamh aig an dà thachartas, agus thòisich iad le fàilte ann an Gàidhlig bho Neach-gairm BCPG. Chaidh na daoine a bha an làthair a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh a' chànanais as fheàrr leotha aig na coinneamhan seo.

A dh'aindeoin nan oidhirpean a rinneadh gus na coinneamhan co-chomhairleachaidh a shanasachd, cha do nochd mòran dhaoine idir. Cha robh aon duine bhon phoball an làthair aig a' choinneimh phoblach. Bha ceathrar luchd-obrach an làthair aig a' choinneimh airson luchd-obrach is oileanaich; cha robh gin a dh'oileanaich ann.

#### *Dòighean gus Dàta a Chruinneachadh*

Chleachd an t-Oilthigh dà phrìomh dhòigh gus dàta a chruinneachadh: coinneamhan co-chomhairleachaidh agus ceisteachan air-loidhne. Bha a bhith a' gabhail pàirt saor-thoileach.

Gus dàta sònraichte a chruinneachadh mun Phlana, chaidh ceisteachan air-loidhne a chruthachadh, agus bha sin ri fhaotainn ann an Gàidhlig no Beurla. An coimeas ris a' cho-chomhairleachadh air a' chiad Phlana Ghàidhlig, fhuair an t-Oilthigh tòrr a bharrachd beachdan ann an co-chomhairleachadh na bliadhna sa. Fhuaras 120 freagairt.

### **CÒ CHUIR FREAGAIRT A-STEACH?**

B' e luchd-obrach bu mhotha a chuir freagairt a-steach, agus an uair sin b' e an dàrna buidheann a bu mhotha de dhaoine a chuir freagairt thugainn, daoine a tha a' fuireach ann an Obar Dheathain. Fhuaras beachdan cuideachd bho àireamh bheag de dh'oileanaich. Bha measgachadh math de fhreagairtean ann bho luchd-labhairt na Gàidhlig (a' gabhail a-steach


luchd-ionnsachaidh) agus daoine aig nach robh Gàidhlig, agus thuit 42% den luchd-fhreagairt gun robh iad nan luchd-labhairt na Gàidhlig.

Sa chumantas bha an luchd-fhreagairt ag aontachadh gu bheil e cudromach gun cuir an t-Oilthigh a' Ghàidhlig air adhart, agus gun robh cùisean sa Phlana san robh ùidh aca.

### MION-SGRÙDADH AIR NA BEACHDAN

#### Beachdan san fharsaingeachd

Bha a' mhòr-chuid de na beachdan a fhuaras a' toirt taic do Phlana Gàidhlig an oilthigh: bha 58% den luchd-fhreagairt ag aontachadh gu mòr/ag aontachadh gu bheil e cudromach gun toir an t-Oilthigh taic don Ghàidhlig.



Fhuaras beachdan a bha an aghaidh a bhith a' leudachadh sheirbheisean Gàidhlig is taic don chànan. Nam measg bha beachdan mu dheidhinn a bhith a' toirt seachad gheallaidhean airson na Gàidhlig nuair nach eilear a' dèanamh an aon seòrsa rud airson Doric no cànanan eile. Bha beachdan eile ann a bha a' cur ceist, an robh e freagarrach a bhith a' cur leithid a dh'iomairt an sàs aig àm doirbh san eaconamaidh agus chaidh fhaighneachd am b' fhiach e leithid a Phlana a chur an sàs nuair a tha cho beag luchd-labhairt na Gàidhlig aig an Oilthigh agus ann an Alba. Seo eisimpleir no dhà:

*Cha tuit ach 26 luchd-obrach (a-mach à 2500) gun robh Gàidhlig aca. Cha b' fhiach e idir na h-oidhirpean gus Gàidhlig a chur air adhart agus chan eil adhbhar ann airson leithid a dh'oidhirpean.*

*Tha mi an aghaidh a bhith a' cur stòrasan is goireasan cudromach is tearc gu feum airson leithid a phlana, fiù 's ged a bhiodh dòigh aig an Oilthigh air a chur an sàs gu ceart.*

*Dèanaibh cinnteach nach tèid stòrasan is goireasan cudromach an Oilthigh a chaitheamh air a' phlana seo. Tha mi a' smaoinneachadh, nan iarradh sibh beachdan bho mhuintir an Oilthigh no luchd-còmhnaidh a' bhaile, gum faigheadh sibh molaidhean nas fheàrr airson dòighean san gabh stòrasan is goireasan an Oilthigh a chur gu feum.*

*Dè mu dheidhinn cuideam a chur air Sìonais, no cànan cumanta eile.*

Dh'fhaodadh nach eil na beachdan seo a' toirt fa-near do sheasamh reachdail a' Phlana, no gu dearbh do na h-adhbharan airson Plana Gàidhlig a chur an sàs.

*Beachdan air a' Phlana:*

Gheibhear clàran ann an **Eàrr-ràdh A1** mar fhianais air na beachdan taiceil san fharsaingeachd a fhuaras bho luchd-freagairt a thaobh cho freagarrach 's a tha an Dreachd den Phlana againn.

Fhuaras àireamh bheag de bheachdan is molaidhean practaigeach, a bharrachd air an fheadhainn a bha dìreach a' cur an aghaidh a' Phlana gun mholaidhean sam bith. Thathar a' bruidhinn orra sin ann am barrachd doimhneachd gu h-ìosal.

*Cho follaiseach 's a tha a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig:* Fhuaras beachdan a bha a' moladh dhòighean san gabh a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche no barrachd chothroman a chruthachadh airson an cànan a chleachdadh. Nam measg bha na beachdan a leanas:

*Bhiodh e math nan gabhadh barrachd a dhèanamh airson luchd-obrach a chomharrachadh as urrainn/a tha deònach Gàidhlig a bhruidhinn ri luchd-obrach eile/oileanaich, me, dh'fhaodar còrd/bràiste a thoirt dhaibh a tha a' sealltainn gu bheil iad deònach Gàidhlig a bhruidhinn.*

*A' cruthachadh seula puist-d dà-chànanach agus a' brosnachadh dhaoine air feadh an Oilthigh gu bhith ga chleachdadh mar sheula puist-d gu h-àbhaisteach. Bidh cuid a dh'oilthighean sa Chuimrigh a' dèanamh seo, agus tha e glè inntinneach a bhith ga fhaicinn agus chuidicheadh e le bhith a' brosnachadh a' chànan san t-saoghal acadaimigeach agus an lùib nan seirbheisean proifeiseanta nuair a tha iad a' dèiligeadh ri luchd-solair is daoine eile gu h-ionadail is gu nàiseanta.*

*Dèanaibh nas fhasa e do dh'oileanaich eòlas a chur air a' chànan agus dèanaibh cinnteach gu bheil e furasta do dh'oileanaich fios a bhith aca air mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chànan.*

*Fhuair mi litir bho Oilthigh Chardiff o chionn ghoirid, leis an fhiosrachadh seo aig an deireadh. "Tha an t-Oilthigh a' cur fàilte air brathan-conaltraidh ann an Cuimris no Beurla. Ma gheibhear brath ann an Cuimris, cha bhi dàil sam bith ann a bhith a' cur freagairt thugaibh." Saoil an gabhadh rudeigin coltach ri sin a dhèanamh airson Gàidhlig (agus Beurla Ghallda)?*

Bhruidhinn Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Gàidhlig (BCPG) mun mholadh gus cùird no bràistean a thoirt seachad airson luchd-obrach le Gàidhlig a chomharrachadh, agus bu toigh leotha seo a dhèanamh. Ge-tà, chan eil fios againn gu cinnteach cò an luchd-labhairt a th' ann agus càit a bheil iad ag obair san Oilthigh; leis an sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach bithear a' cruinneachadh dàta gun ainmean dhaoine ceangailte ris. Mar sin, rinn sinn co-dhùnadh gum biodh e na b' fheàrr faighinn a-mach an-toiseach cò an luchd-labhairt a th' againn agus càit a bheil iad ag obair, mus obraich sinn a-mach ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn obrachadh còmhla riutha gus am Plana a thoirt gu buil agus gus barrachd chothroman a chruthachadh airson an cànan a chleachdadh. Ged nach eil am moladh airson cùird sa Phlana, beachdaichidh sinn air seo nuair a bhios fios nas fheàrr againn air cia mhead neach le Gàidhlig a th' ann a tha deònach taic a thoirt don iomairt seo agus an cànan a chleachdadh.

Bidh cuid de luchd-obrach an Oilthigh a' cleachdadh seula puist-d dà-chànanach. Ge-tà, mar a chithear san Dreachd den Phlana, obraichidh Roinn-stiùiridh an Dàimh Phoblaich gus luchd-obrach is oileanaich a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich (agus seulaichean puist-d) nas trice. Tha sinn a' gabhail ris airson cuideachadh le seo gum feumar barrachd sanasachd a dhèanamh air na goireasan seo feuch am bi fios aig daoine gu bheil iad ann, agus tha duilleag-lìn ùr gu bhith ann le fiosrachadh mu ar n-ìomhaigheachd Ghàidhlig. Gheibhear seo san aon àite far am faighear stiùireadh ann am Beurla air stuthan ìomhaigheachd, agus tha an gnìomh seo san Dreachd den Phlana.

Chaidh dà ghealladh eile a chur ris an Dreachd den Phlana mar thoradh air na beachdan gu h-àrd: gun dèanar conaltradh ri àireamh nas motha de Sgoiltean an Oilthigh, a bharrachd air an fheadhainn far a bheil Gàidhlig air a teagasg gu ìre air choreigin, gus am bi iad nas mothachaile air an taic don Ghàidhlig agus tachartasan Gàidhlig san Oilthigh; agus gum bi nota bho seo a-mach sna stuthan foillsichte againn airson Margaidheachd is Trusadh a tha ag ràdh gun gabh sinn ri brathan-conaltraidh ann am Beurla agus Gàidhlig.

*Ionnsachadh do dh'Inbhich:* Fhuaras beachdan cuideachd air seiseanan Gàidhlig. Mar a bhios fios aig Bòrd na Gàidhlig, b' àbhaist do dh'Ionad Chànanan an Oilthigh a bhith a' tabhann chlasaichean Gàidhlig air an oidhche. Ge-tà, bha duilgheadasan aig an Ionad le bhith a' lorg thidsearan gu leòr, agus cha b' urrainn dhaibh cumail orra leis na cùrsaichean sin. Ge-tà, tha Club Gàidhlig Obar Dheathain a' tabhann taghadh de chùrsaichean Gàidhlig air an oidhche, agus bidh an t-Oilthigh a' dèanamh sanasachd air seo air duilleagan-lìn a' Phlana Ghàidhlig, agus ma dh'fhaighnicheas daoine dhinn mu na clasaichean, innsidh sinn dhaibh mu mar a chuireas iad fios chun a' Chlub Ghàidhlig. Bithear a' dèanamh feum den ghoireas, sanasan beaga an Oilthigh, agus den ghoireas-ionnsachaidh Bòrd Dubh, a bhios oileanaich a' cleachdadh, airson sanasachd a dhèanamh air cothroman ionnsachaidh taobh a-muigh an Oilthigh. Cuideachd, tha cothroman ann do luchd-obrach frithealadh air cùrsaichean fo-cheuma Gàidhlig ma tha iad airson.

Am measg nam beachdan a fhuaras bha:

*Bu chòir barrachd cothroman a thabhann do luchd-obrach an Oilthigh Gàidhlig ionnsachadh/a dhol an sàs sa chànan. Mar eisimpleir, nam biodh an t-Ionad Chànanan a' tabhann chùrsaichean Gàidhlig air an oidhche 's e cothrom air leth a bhiodh ann do dhaoine gun Ghàidhlig an cànan ionnsachadh, gu h-àraidh luchd-obrach nach buin do dh'Alba/luchd-obrach eadar-nàiseanta.*

Tha e soilleir nan dèanamaid barrachd sanasachd air cùrsaichean no tachartasan Gàidhlig gun cuidicheadh sin le bhith a' sealltainn do dhaoine, aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, càit a bheil na cothroman gus an cànan a chleachdadh. 'S e aon de phrìomh amasan a' Phlana seo gun tèid Gàidhlig fhisge a-steach do mhodhan-obrach is poileasaidhean an Oilthigh, agus le bhith a' dèanamh sin thèid àrainneachd a chruthachadh far a bheil cothroman ann do mhuintir an Oilthigh Gàidhlig a chleachdadh no fhaicinn nas trice. Mar phàirt de sin, nithear feum de ar modhan-conaltraidh taobh a-staigh an Oilthigh nas trice gus obair Buidheann Comhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig a shanasachd, agus tha gealladh a thaobh seo san Dreachd den Phlana.

*Conaltradh ris a' Phoball agus Trusadh:* Fhuaras beachdan sa cho-chomhairleachadh a thaobh na h-obrach is conaltradh a nì sinn còmhla ri sgoiltean:

*Bu chòir tachartasan Gàidhlig a chumail ann an com-pàirt ri sgoiltean sna sgìrean còd-puist as bochda ann an Inbhir Nis, Baile nam Frisealach, Ceann Phàdraig agus Obar Dheathain.*

*Tha a' chlann agam nan sgoilearan Gàidhlig aig Bun-sgoil Gilcomstoun ann an Obar Dheathain, ach gu mi-fhortanach tha glè bheag de chothroman ann air foghlam tron Ghàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile ann an Obar Dheathain. Am b' urrainn don Oilthigh obair a dhèanamh còmhla ris na deugairean le Gàidhlig ann an Obar Dheathain, aig a bheil cion chothroman cumail orra le foghlam Gàidhlig, le bhith a' cumail thachartasan is cùrsaichean dhaibh? Nam b' urrainn, bheireadh sin taic fìor phrìseil don Ghàidhlig ann an Obar Dheathain agus dh'fhaodadh e cuideachadh le bhith a' trusadh oileanaich le Gàidhlig airson cùrsaichean an Oilthigh againn.*

*Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b' urrainn don Oilthigh obair a dhèanamh còmhla ri sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig ann an Obar Dheathain (chan ann dìreach còmhla ris an fheadhainn aig Hazlehead). 'S e a chòrdadh ris na sgoilearan seo barrachd a dhèanamh ann an Gàidhlig, ach chan eil na cothroman ann.*

Ri linn nam beachdan gu h-àrd, rinn BCPG co-dhùnadh gealladh eile a chur ris a' Phlana gus iomairt-dhearbhadh a chur air dòigh le tachartas Gàidhlig do sgoilearan san Ear-thuath.

#### **GEÀRR-CHUNNTAS**

Rinneadh oidhirp mhòr rè ùine a' cho-chomhairleachaidh gus sanasachd a dhèanamh air an Dreachd den Phlana tro iomadh meadhan conaltraidh.


Fhuaras cothrom fìor mhath leis a' cho-chomhairleachadh beachdan a chluinntinn bho ar coimhearsnachd air dè na seirbheisean Gàidhlig a bu chòir don Oilthigh a thoirt seachad. Ghabh sinn ealla ris na beachdan sin agus dh'atharraich sinn ar Plana a rèir na chuala sinn.

Mar thoradh air a' cho-chomhairleachadh againn, tha sinn den bheachd gu bheil taghadh cothromach de gheallaidhean san Dreachd den Phlana a ghabhas coileanadh agus fhuair luchd-ùidhe bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh an Oilthigh làn-chothrom cuideachadh le bhith a' dealbh nan geallaidhean sin.




### THA AM PLANA A' DÈANAMH SOILLEIR DÈ NA GEALLAIDHEAN A TH' AIG AN OILTHIGH

■ Ag aontachadh gu mòr      ■ Ag aontachadh  
 ■ Chan eil mi ag aontachadh      ■ Chan eil mi ag aontachadh idir




### THA PRÌOMHACHASAN AN OILTHIGH AIRSON NA GÀIDHLIG A' TOIRT TAIC GU SOILLEIR DO DH'AMAS A' PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA GHÀIDHLIG AIRSON FÀS A THOIRT AIR IONNSACHADH, ADHARTACHADH IS CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

■ Ag aontachadh gu mòr      ■ Ag aontachadh  
 ■ Chan eil mi ag aontachadh      ■ Chan eil mi ag aontachadh idir



**THA NA H-AMASAN SA PHLANA SEO FREAGARRACH  
A THAOBH LÈIRSINN AN OILTHIGH GUS “CRUTH-  
ATHARRACHADH A THOIRT AIR AN T-SAOGHAL TRO  
BHITH A’ CUR RI EÒLAS IS IONNSACHADH.”**

■ Ag aontachadh gu mòr      ■ Ag aontachadh  
■ Chan eil mi ag aontachadh      ■ Chan eil mi ag aontachadh idir



**THA AN RO-INNLEACHD GUS AM PLANA GÀIDHLIG A  
CHUR GNÌOMH AGUS COILEANADH A’ PHLANA A  
SGRÙDADH FREAGARRACH IS SOILLEIR**

■ Ag aontachadh gu mòr      ■ Ag aontachadh  
■ Chan eil mi ag aontachadh      ■ Chan eil mi ag aontachadh idir

